

1 Ath-sgrìobh agus crìochnaich gach sreath.

(a) 1000 2000 3000 

(b) 5000 6000 

(c) 1500 2500 

(d) 100 1100 

(e) 

(f) 

(g) 

2 Cùinnt ann am mìltean bho

- (a) 3800 gu 9800 (b) 6300 gu 300




3 Sgrìobh an àireamh a tha 1000 a bharrachd air

- (a) 2300 (b) 5200 (c) 800 (d) 9000

4 Sgrìobh an àireamh a tha 1000 nas lugha na

- (a) 7900 (b) 6400 (c) 10000 (d) 1500



1 Ath-sgrìobh agus crìochnaich gach sreath.



2 Cunnt ann an ceudan bho


(a) 3200 gu 4000 (b) 6400 gu 5800

3 Sgrìobh an àireamh a tha 100 a' bharrachd air

(a) 2600 (b) 7000 (c) 6900 (d) 9900

4 Sgrìobh an àireamh a tha 100 nas lugha na

(a) 5300 (b) 2000 (c) 10 000 (d) 8100



5 Dè an àireamh a tha letheach slighe eadar

(a) 1300 agus 1500 (b) 1600 agus 1800
(c) 1400 agus 1200 (d) 1900 agus 2100?





Dùblaich
gach
àireamh.



- (a) 12 (b) 15 (c) 18 (d) 19 (e) 50
(f) 30 (g) 35 (h) 20 (i) 45 (j) 100

2 Sgrìobh gach àireamh anns a' bhogsa ghorm,
leis an dùbladh aice bhon bhogsa dhearg.



3

(a) $24 + 25$	$25 + 25 = 50$	(b) $25 + 26$
(c) $15 + 17$	$17 + 17 = 34$	(d) $17 + 19$

- (e) $14 + 15$ (f) $35 + 36$ (g) $16 + 14$ (h) $50 + 52$

4

(a) $80 + 90$	$90 + 90 = 180$	(b) $90 + 100$
(c) $55 + 60$	$60 + 60 = 120$	(d) $60 + 65$

- (e) $70 + 80$ (f) $50 + 60$ (g) $45 + 50$ (h) $95 + 100$



1 Cuir-ris 5

(a) 323
(b) 404
(c) 555

2 Cuir-ris 4

(a) 152
(b) 135
(c) 314

3 Cuir-ris 6

(a) 411
(b) 500
(c) 244

(a) 201 cuir-ris 8

(b) 842 cuir-ris 7

(c) $111 + 9$

(d) Cuir 3 ri 756.

(e) Dè an t-suim a tha ann an 423 agus 7?

(a) $327 + 5$
(b) 149 cuir-ris 8
(c) 216 cuir-ris 6

6

(a) Cuir 4 ri 419.
(b) $526 + 7$
(c) 3 cuir-ris 608

(a) 215 cuir-ris 10

(b) Dè an t-suim a tha ann an 153 agus 8?

(c) Dè na tha 10 agus 536 a' dèanamh gu lèir?

(d) $6 + 498$

(e) Dè an t-suim a tha ann an 299 agus 7?



Cuir-ris: (a) na h-àireamhan dearga (b) na h-àireamhan uaine
(c) na h-àireamhan buidhe (d) na h-àireamhan gorma.

500	50	70	720
910	40	80	840

(a) 340 cuir-ris 30	(b) $230 + 60$	(c) 50 cuir-ris 450
(d) Cuir 60 ri 720.	(e) Lorg suim 660 agus 40.	

Sgrìobh na h-àireamhan a tha a dhìth.

(a) $540 + \blacksquare = 600$	(b) $720 + \blacksquare = 800$	(c) $350 + \blacksquare = 400$
(d) $\blacksquare + 890 = 900$	(e) $\blacksquare + 670 = 700$	(f) $\blacksquare + 460 = 500$

(a) $227 + 60$	(b) $308 + 30$	(c) $70 + 529$
(d) $80 + 117$	(e) $222 + 20$	(f) $104 + 90$
(g) Cuir-ris 40 agus 347.	(h) 636 cuir-ris 50	



Sgoil a' Bhaile



303 sgoilear

Sgoil na Coille



24 sgoilearan

Sgoil a' Ghlinne



42 sgoilear

Sgoil nan Darach




225 sgoilearan

1 Cia mheud sgoilear gu lèir a tha a' dol gu:

(a) Sgoil a' Bhaile agus Sgoil na Coille (b) Sgoil a' Ghlinne agus Sgoil nan Darach

(c) Sgoil a' Bhaile agus Sgoil a' Ghlinne (d) Sgoil nan Darach agus Sgoil na Coille

(e) Sgoil na Coille, Sgoil a' Bhaile agus Sgoil a' Ghlinne?



2 Thàinig 16 sgoilearan ùra gu Sgoil a' Bhaile.

Cia mheud sgoilear a tha anns an sgoil seo a-nise?

3 (a) $416 + 63$ (b) $44 + 131$ (c) $701 + 98$

(d) $222 + 22$ (e) $73 + 925$ (f) $812 + 81$

(g) $345 + 200 + 42$ (h) $230 + 21 + 5$




I Obraich a-mach gach àireamh agus lorg an còd a dh'fhosglas a' chiste-tasgaidh.

F A G E B C D


Ma tha thu airson a fosgladh:

- A** Tòisich aig 24. Theirig air ais 12 agus an uair sin air adhart 33.
- B** Tòisich aig 42. Theirig air adhart 50 agus an uair sin air ais 17.
- C** Tòisich aig 36. Theirig air adhart 52 agus an uair sin air ais 8.
- D** Tòisich aig 100. Theirig air ais 38 agus an uair sin air adhart 33.
- E** Tòisich aig 54. Theirig air adhart 29 agus an uair sin air ais 18.



- G** Lorg suim 28 agus 37, agus thoir air falbh an diofar eadar 62 agus 47.

2. Dè tha thu a' mothachadh mu na h-àireamhan anns a' chòd?



†øÖ??î Z

U	T	E	L	I	H	N	D	B	S	G
0	1	2	3	4	5	6	7	8	9	10

Lorg na h-àireamhan a tha a dhìth.
Cleachd iad agus leugh còd Zonk.

$\square \times \square = 16$

$5 \times \square = 25$

$7 \times \square = 14$

$10 \times \square = 40$

$\square \times 7 = 21$

$\square \times 6 = 42$

$\square \times 6 = 0$

$9 \times \square = 36$

$3 \times \square = 18$

$9 \times \square = 18$

$\square \times 5 = 5$

$8 \times \square = 0$

$6 \times \square = 24$

$7 \times \square = 70$

$\square \times 5 = 45$

$\square \times 8 = 32$

$2 \times \square = 12$

$5 \times \square = 30$

Cleachd an còd agus lorg m' ainm.

leth de 8×2

3×4 thoir air falbh 2×5

4×6 thoir air falbh 6×3

Sàbhalaidhean chloinne

								
Sìm	1	1		2	2			
Siù		2	1	1	1			5
Roy	2		1		3		2	1
Mòr	1	3	1	1		4		
Cal	1	2		2	2	1	2	1

- Dè na tha aig gach leanabh a dh'airgead?
- Cò aig a tha nas motha a bhuinn (b) nas lugha a bhuinn?
- (a) Dè na tha aig Sìm a bharrachd air Siù?
(b) Dè na tha aig Mòr a bharrachd air Cal?
- (a) Dè na tha aig Siù nas lugha na Cal?
(b) Dè na tha aig Sìm nas lugha na Roy?
- Dè na dh'fheumas Siù a shàbhaladh fhathast airson gum bi £5 aice?

Tha 80sg agam nas lugha na tha aig Cal.



Mòrag



Ceit

Tha 75sg agam a bharrachd air na tha aig Roy.

Dè na a tha aig (a) Morag (b) Ceit a dh'airgead?

- 1 Chuir Lisa 40sg dhan tiona.
Chuir Ken a-steach 15sg nas lugha na Lisa.
Chuir Asif a-steach an aon suim agus
a chuir Lisa agus Ken còmhla.




Dè na chuir a' chlann dhan tiona gu lèir?

2



Reic Ken cairteal de na bràistean aige.
Bhris ochd eile dhiubh.
Cia mheud bràiste a tha air fhàgail gus
an reic?

- 3 Roinn Lisa agus Asif 5 bogsaichean de phinn
eadar iad gu cothromach.
Cia mheud peann an duine tha aca?



4
Tha 32 sgillinn an duine againn.



Gu lèir, chosg a' chlann 33sg air
siùcaran. Chosg iad an còrr den
airgead aca air cairtean. Cia mheud
cairt a cheannaich iad? Dè na bha
aca **an duine** air fhàgail?

Ceanglaichean

Geama airson 2 no 3 a chluicheadairean.



$22 +$

20	28	41
----	----	----



$60 -$

40	45	56
----	----	----



$40 \div$

2	4	10
---	---	----



$34 +$

8	16	50
---	----	----



$21 \times$

2	3	4
---	---	---






$75 -$





12	60	65
----	----	----

15	50	63	10	4	84
42	10	15	20	50	63
63	20	4	42	84	10
84	42	10	50	20	15
50	15	20	63	42	4
4	63	42	84	15	50

1 Dè na cumaidhean anns am faic thu deicheamhan?




2 Dè a' bhloigh de gach cumadh a tha:



3 Tha naoi deicheamhan den chumadh dearg.
Dè a' bhloigh den chumadh **nach eil** dearg?

4 Tha ceithir deicheamhan den chumadh buidhe.
Tha trì deicheamhan den chumadh gorm.
Tha an còrr den chumadh dearg.
Dè a' bhloigh den chumadh a tha dearg?

- 1 (a) Roinn gach treidhe de dh'fhàinneachan gu cothromach eadar 10 dhaoine.



- (b) Lorg deicheamh de na fàinneachan air gach treidhe.
 (c) Dè tha thu a' mothachadh nuair a tha thu:

a' roinn le 10

agus

a' lorg aon deicheamh?

- 2 (a) deicheamh de 30 (b) $\frac{1}{10}$ de 90 (c) deicheamh de 10
 (d) $\frac{1}{10}$ de 50 (e) deicheamh de 70 (f) $\frac{1}{10}$ de 100


- 3 Dè a' bhloigh den phàtran air a' bhogsa a tha:

(a) gorm (b) uaine (c) gun dath?


- 4 Tha 80 seud anns a' bhogsa.

'S e daoimeanan a tha ann an deicheamh dhiubh.


Cia mheud seud a tha ann nach eil na dhaoimean?




- 1 Cleachd dà **thriantan** airson gach cumadh ann an seo a dhèanamh.



triantan



ceithir-cheàrnach



sia-cheàrnach

- 2 Dèan agus an uair sin dealbh:

(a) triantan eile

(b) ceithir-cheàrnach eile


(c) sia-cheàrnach eile

(d) còig-cheàrnach.

- 3 Cleachd dà **cheart-cheàrnach** airson gach cumadh ann an seo a dhèanamh.



ceart-cheàrnach



sia-cheàrnach




- 4 Dèan agus an uair sin dealbh:

(a) ceart-cheàrnach eile

(b) sia-cheàrnach eile.

- 5 Cleachd dà **cheàrnag**, agus dèan agus an uair sin dealbh ceart-cheàrnach.


Dèan na pàtranan seo, agus cuir dath airson dealbhan cothromaichte a dhèanamh.




A -easair



B -easair




C -easair



D -easair



E -easair



F -easair



G -easair




H -easair




I -easair






- 1 Dè na dìneasairean:
- (a) a tha gorm
 - (b) aig a bheil sgiathan
 - (c) aig nach eil bioran
 - (d) aig a bheil bioran agus sgiathan
 - (e) aig a bheil sgiathan, ach a tha gun bhioran
 - (f) aig a bheil bioran, ach a tha gun sgiathan?


2 Ainmich gach dìneasair.




(a)
Tha mi gorm.
Tha sgiathan agam.
Chan eil bioran orm.



(b)
Tha mi dearg.
Tha bioran orm.
Chan eil sgiathan agam.




(c)
Tha mi uaine.
Tha bioran orm.
Tha sgiathan agam.




(d)
Tha bioran orm.
Chan eil sgiathan agam.
Chan eil mi dearg.
Chan eil mi uaine.

- 3 (a) Ath-sgrìobh an clàr.
(b) Dealbh agus dath aon de na dìneasairean anns gach bogsa.

	bioran	bioran
dearg		
dearg		




Ùineachan airson feitheamh



- Dè a' chleasachd aig a bheil an ùine-feitheimh as giorra?
- Dè a' chleasachd ris am bi thu a' feitheamh:
 - 10 mionaidean
 - 13 mionaidean
 - 9 mionaidean
 - 15 mionaidean?
- Dè cho fada agus a tha an ùine airson a' Pharaisiut a bharrachd air an ùine airson nam feadhainn seo:
 - An t-Sleamhnag Fhiodh
 - Am Bàta
 - A' Chuibhle Mhòr?
- Carson a tha thu a' smaoinichadh a tha ùine eadar-dhealaichte airson gach cleasachd?


- 1 Dè an stoidhle:
 (a) as cumanta
 (b) nach eil cumanta?

Stoidhle na h-amhaiche  = 2 chloinne

- 2 Cia mheud leanabh aig a bheil na stoidhlichean seo?

- (a)  (b) 
 (c)  (d) 


Àireamh chloinne



- 3 Cia mheud leanabh a tha ann gu lèir?


- 4 Dè an stoidhle aig a bheil dhà uiread ri



 = 2 chloinne

Pàtranan

- gun phàtran 
 srianach 
 tartan 
 loidhnichean 



Àireamh gheansaidhean

- 5 Cia mheud geansaidh a tha:
 (a) gun phàtran (b) srianach (c) tartan (d) le loidhnichean?
 6 Dè am pàtran aig a bheil leth àireamh nam feadhainn seo:
 (a) gun phàtran (b) am pàtran srianach?

1. Dè a tha annam?



(a) Is mise leth an diofair eadar 500 agus 1000.

(b) Is mise dùblachadh suim 46 agus 19.

(c) Is mise còig uiread cairteal de 28.

(d) Is mise 40 nas lugha na 3 uiread 31.

(e) Tha 100 dhìomsa ann am meatair.

(f) Tha 5 dhìomsa ann an £1.

(g) Tha 12 dhìom ann am bliadhna.

(h) Tha 24 dhìom ann an latha.

(i) Tha dhà uimhir a thaobhan agam 's a tha aig triantan.

(j) Tha còig aodainnean agam. 'S e triantain a tha ann an dhà dhiubh, agus 's e ceart-cheàrnachan a tha ann an trì dhiubh.

(k) Is mi an àirde a tha mu choinneamh an iar.

2. Dèan fhèin an-àirde feadhainn eile airson an cur air do charai